

VANESSA NAKATE

Neach-iomairt airson
na gnàth-shìde

Rugadh i 15 Samhain 1996,
ann an Kampala, Uganda

Thàinig Vanessa gu bhith ag iomairt
airson na gnàth-shìde ann an 2018,
nuair a thòisich teòthachdan
neo-àbhaisteach àrd ann a' Uganda
a' dèanamh dragh dhi.



Coltach ri iomadach
neach òg eile, tha i air
a bhith air stailc san
dùthach aice fhèin, na
suidhe taobh a-muigh
Pàrlamaid Uganda ag
iomairt mu cho beag
's a bha an riaghaltas
a' dèanamh mu
atharrachadh na
gnàth-shìde.





Tha i air daoine a bhrosnachadh tro na meadhanan sòisealta gus aire a thogail ri staid nan coilltean uisge ann am meadhan Afraga.




@helenviromental

Tha i gu mòr airson 's gum faic ceannardan an t-saoghail atharrachadh na gnàth-shìde mar chùis èiginn a tha a' gabhail a-steach bochdainn, acras, galaran, strì agus droch-dhìol an aghaidh bhoireannaich is nigheanan.




Tha i cuideachd den bheachd gum bu chòir do na dùthchannan leasaichte agus na companaidhean mòra, a tha rin coireachadh airson blàthchadh na cruinne, airgead-dìolaidh a thoirt do dh'Afraga airson a' mhillidh agus an call a tha iad a' fulang ri linn 's na tha 'd a' leigeil mu sgaoil de ghasaichean taigh-glainne.

Tha Vanessa air leabhar a sgriobhadh agus air cliù a chosnad dhi fhèin mar òraidiche air a' gnàth-shìde. Tha i air duaisean a thogail mar thoradh air an dòigh èifeachdach anns am bi i ga giùlan fhèin ann a bhith a' misneachadh agus a' brosnachadh dhaoine ann a Uganda agus air feadh an t-saoghail.





Nochd a h-ainm ann an liosta 100 Women a' BhBC ann an 2020 agus ann an liosta TIME100 Next 2021, mar thè a dh'fhaodadh a bhith na ceannard san àm ri teachd.



Stèidhich i Youth for Future Africa agus Rise Up Movement.



Ann an 2019, b' i tè de ghlè bheag de luchd-iomairt òg a bhruidhinn aig COP25 san Spàinn.

Tràth ann an 2020, cuide ri mu fhichead neach-iomairt airson na gnàth-shìde, sgrìobh i litir chun a' World Economic Forum ann an Davos, ag iarraidh air companaidhean, bancaichean agus riaghaltasan sgur a thoirt taic do chonnaidhean fosail sa bhad.





Chuir i an Green Schools Project air bhonn, iomairt cumhachd ath-nuadhachail, a tha ag amas air lùth na grèine a chleachdad agus stòbhacchein a tha neo-chronail dhan àraineachd a chur a-steach a sgoiltean Uganda.

Chaidh Vanessa a ghearradh à dealbh anns an robh i còmhla ri luchd-iomairt eile, a' mhòr-chuid dhiubh geal. Ghabh i seo gu dona ged a dh'fheuch am buidheann naidheachd a dh'fhoillsich i an dealbh ri leisgeul a thabhall.



Ged a bha i air a goirteachadh, thuirt i gun robh i toilichte gun do thachair e oir, mar is trice, 's ann air mar a tha Afraga a' fulang ri linn blàthchadh na cruinne a bhios fòcas nam meadhanan, gun ghuth gu bheil luchd-iomairt na gnàth-shìde san dùthaich.